

A DH'IONNSAIGH CO-IONNANACHD

SIREADH BHEACHDAN AIR DEASACHADH AN ROI-INNLEACHD

Roi-ràdh le Iar Mhinistear nan Coimhearsnachdan

Tha Luchd Stiùiridh na h-Alba leagte gur e àite nas fulangaiche agus nas cothromaiche a bhios ann an Albainn anns an 21mh linn, far am bi buntainneas aig barrachd dhaoine anns a' mhòr-choimhearsnachd. Tha seo a' ciallachadh gu feum sinn dèiligeadh ri anacothrom agus ris na beachdan a tha ga adhbharachadh. Air sgàth sin tha an Luchd Stiùiridh den bheachd gu bheil an obair aca air co-ionnannachd chothroman aig cridhe na saothrach aca uile.

Tha Luchd Stiùiridh na h-Alba leagte air co-ionnannachd chothroman a chur aig cridhe gach poileasaidh agus aig cridhe chùisean nuair a tha iad a' dealbhadh sheirbhisean agus gan cur an gnìomh. Tha Aonad Co-ionnannachd ùr air a stèidheachadh airson cuideachadh a' cur seo an gnìomh agus bidh e a' toirt taic don Luchd Stiùiridh agus do bhuidhnean eile le bhith a' brosnachadh co-ionnannachd chothroman airson a h-uile duine.

A-nis, agus an t-Aonad aca air a stèidheachadh, feumaidh an Luchd Stiùiridh roi-innleachd co-ionnannachd a dheasachadh a chuireas beachdan an gnìomh. Ma tha an roi-innleachd gu bhith èifeachdach tha aige ri suim a ghabhail air na tha a dhìth air gach pàirt den choimhearsnachd an Albainn agus tha e cudromach gum bi buaidh aig na daoine leis na feuman as motha ann a bhith ga ullachadh.

Sann air an adhbhar sin a tha an Luchd Stiùiridh air a' phàipear sireadh beachdan seo a chur a-mach. Tha sinn an dòchas gun gabh sibh làn phàirt 's a' chonaltradh agus bidh fàilte ro bhur beachdan.

JACKIE BAILLIE, BPA

Caibideil a h-Aon: Roi-ràdh

Tha barrachd co-ionannachd chothroman airson a h-uile duine na bhunait air poileasaidh Luchd Stiùiridh na h-Alba airson dùthaich a chruthachadh a tha cothromach agus far am bi buntainneas aig a h-uile neach. Mar sin tha an Luchd Stiùiridh leagte dèanamh cinnteach gu bheil co-ionannachd aig cridhe gach rud a nì sinn. Se an t-amas againn ceangal maireannach, daingeann a dhèanamh eadar co-ionannachd agus a bhith a' cur sàr phoileasaidhean agus phrògraman an gnìomh.

Air 2 Dùbhlachd 1999 bha a' Phàrlamaid a' deasbad co-ionannachd airson a' chiad uair agus chodhùin iad na leanas:

'Gu bheil A' Phàrlamaid toilichte le gealladh Luchd Stiùiridh na h-Alba a chuir iad an cèill ann an 'Ga Thoirt gu Buil Còmhla: Prògram Riaghaltais' gum brosnach iad co-ionannachd chothroman do na h-uile ann a bhith ag ullachadh roi-innleachd co-ionannachd mean air mhean ann an dòigh a tha gabhail suim air beachdan mòran daoine. Nì seo cinnteach gu bheil co-ionannachd chothroman ga chur aig cridhe gach poileasaidh agus aig cridhe chùisean nuair a tha seirbhisean gan dealbhadh agus gan cur an gnìomh.'

Airson seo a thoirt air adhart tha e deatamach gu bheil beachdan gan sireadh mu dheidhinn na dòigh a thèid an roi-innleachd a dheasachadh.

Anns a' chiad phàirt den obair dheasachaidh air Roi-innleachd Co-ionannachd, tha Luchd Stiùiridh na h-Alba gu mòr airson gun cuir uiread daoine agus bhuidhnean am beachdan seachad 's a ghabhas air na cuspairean air a bheil eòlas agus ùidh shònraichte aca. A thuilleadh air a' chonaltradh sgrìobhte seo bidh Aonad Co-ionannachd Luchd Stiùiridh na h-Alba cuideachd a' bruidhinn ri grunnan bhuidhnean an Albainn aig a bheil ùidh shònraichte ann an co-ionannachd. Tha e coltach gum bi na buidhnean a leanas a-measg na tha sin: An Coimisean Co-ionannachd agus Coimisean nan Còraichean Aiteamach (na buidhnean co-ionannachd staideil), ùghdarrasan ionadail tro Co-chruinneachadh Ùghdarrasan Ionadail na h-Alba, Fòram nan Ciurramach, An Lìon Co-ionannachd, aonaidhean luchd-obrach, an raon shaor-thoileach agus eile.

Anns na duilleagan a leanas tha sinn a' cur an cèill cuid de na cuspairean air a bheil Luchd Stiùiridh na h-Alba gu sònraichte a' sireadh beachdan. Cuidichidh na freagairtean agaibh agus na nochdas anns na deasbadan a thachras aig an aon àm ann a bhith a' sònrachadh dè na prìomh chuspairean a thèid don roi-innleachd. Mar a thèid an Roi-innleachd Co-ionannachd air adhart gheibh daoine fa leth agus buidhnean am beachdan a thoirt seachad air ceistean eile a bu chòir beachdachadh orra nuair a thathas ag obair air barrachd co-ionannachd chothroman a bhrosnachadh do na h-uile.

Caibideil a Dhà

Sgaoileadh Cumhachd agus Co-ionannachd Chothroman

Air 1 Iuchar 1999 ghabh Pàrlamaid na h-Alba na cumhachdan aige uile a rèir an aonadh sgaoileadh cumhachd. Tha iad seo a' gabhail a-steach cumhachdan air laghan a chruthachadh thar raon mhòr de chuspairean cudromach a' buntainn ri co-ionannachd chothroman. Tha Pàrlamaid na Rìoghachd Aonaichte fhathast a' dèiligeadh ris na cùisean as fheàrr a thèid dèiligeadh riutha ann an Westminster.

Cùisean a chaidh a Sgaoileadh	Cùisean a chaidh a Ghlèidheadh
Slàinte	Bonn-stèidh na Rìoghachd Aonaichte
Foghlam	Poileasaidh thìrean cèin na RA
Trèanadh	Dion agus tèarainteachd nàiseanta na RA
Riaghaltas ionadail	Siostam fiosalach, siostam eaconomach agus siostam airgid na RA
Iomadh cùis co-cheangailte ri còmhdhail	Margaidhean coitcheann airson bathar agus seirbheisean na RA
Obair shòisealta	Lagh fasdaidh
Taigheadas	Sochairean sòisealta
Leasachadh eaconomach	
An siostam lagha, lagh agus riaghailt	
An àrainneachd	
Àiteachd, iasgach agus forsaireachd	
Spòrs	
Na h-ealain	

Co-ionannachd chothroman glèidhte le Westminster

Bidh mòran den luchd-conaltraidh mothachail gun do ghlèidh Westminster an cumhachd airson laghan a chruthachadh air co-ionannachd chothroman, ann an Achd na h-Alba 1998, ach gum faod Pàrlamaid na h-Alba co-ionannachd a bhrosnachadh. Tha seo a' ciallachadh gu bheil aon chruth-obrach làidir ann am Breatainn air fad agus aon ghuth a-mhàin a' bruidhinn gu neartmhor, cunbhalach air cùisean co-ionannachd. Tha Pàrlamaid na h-Alba air sealltainn mar tha gu bheil e comasach dha deasbad agus rannsachadh a dhèanamh gu beòthail agus coilionta air co-ionannachd airson dèanamh cinnteach gu bheileas a' gabhail làn shuim air beachdan nan Albannach nuair a tha poileasaidh ga chruthachadh air cùisean far an deach cumhachd a sgaoileadh, agus airson co-ionannachd a bhrosnachadh anns an fharsaingeachd.

Tha co-ionannachd ga mhìneachadh ann an dòigh sgaoilte ann an Achd na h-Alba agus tha an teacs ri fhaicinn anns an aithisg aig Wendy Alexander ann an Caibideil 3 (duilleag 6).

Mar a tha Pàrlamaid na h-Alba leagte air co-ionannachd chothroman a bhrosnachadh

Aig deireadh 1997 stèidhich Rùnaire na h-Alba Buidheann Co-chomhairle (BCC) gus cuideachadh ann a bhith a' leasachadh nam molaidhean airson modh obrach agus riaghailtean obrach na Pàrlamaid. Bha buill bho na ceithir prìomh phàrtaidhean poilitigeach anns a' bhuidheann cho math ri riochdairean bho raon fharsaing de bhuidhnean 's a' choimhearsnachd. Bha molaidhean na BCC stèidhichte air ceithir prìomh phrionnsabalan airson deamocrasaidh anns an 21mh linn. Dh'aontaich a' Phàrlamaid riutha. Siad:

- Bu chòir do Phàrlamaid na h-Alba a bhith na mheadhan air cumhachd a sgaoileadh eadar sluagh na h-Alba, na reachdairean (na BPA) agus Luchd Stiùiridh na h-Alba;
- Bu chòir don Luchd Stiùiridh a bhith a' freagradh do Phàrlamaid na h-Alba agus bu chòir don Phàrlamaid agus don Luchd Stiùiridh a bhith a' freagradh do shluagh na h-Alba;
- Bu chòir do Phàrlamaid na h-Alba a bhith furasda dèiligeadh ris agus fosgailte, agus bu chòir dha suim a ghabhail air beachdan daoine. Cuideachd, bu chòir dha modhan obrach a chruthachadh a bheireadh cothrom do dhaoine pàirt a ghabhail a' leasachadh, a' beachdachadh air agus a' sgrùdadh poileasaidh agus reachdaireachd; agus
- Bu chòir do Phàrlamaid na h-Alba a bhith mothachail gu feum e co-ionannachd chothroman a bhrosnachadh do na h-uile anns an obair aige agus nuair a tha e a' fasdadh luchd-obrach.

Gus taic a thoirt don phoileasaidh aca air co-ionannachd tha Pàrlamaid na h-Alba air Comataidh Cho-ionannachd a stèidheachadh mar aon de ochd gnàth-chomataidhean àithneil. A thuilleadh air sin, tha riaghailtean obrach na Pàrlamaid ag ràdh gu feum an Luchd Stiùiridh cùntas a thoirt seachad air dè a' bhuaidh air co-ionannachd chothroman a bhios aig gach moladh reachdaireachd anns na bilichean aca. Bheir seo cuideachadh don Phàrlamaid agus don chomataidh cho-ionannachd ann a bhith a' cumail sùla air mar a tha obair air co-ionannachd chothroman a' tighinn air adhart. Cuideachd bheir e taic don phoileasaidh a bhith a' toirt prìomh àite do cho-ionannachd chothroman ann an obair Pàrlamaid na h-Alba agus an Luchd Stiùiridh. Tha seo a' ciallachadh gum bi suim ga ghabhail air cùisean co-ionannachd aig fìor thoiseach na h-obrach nuair a tha poileasaidh ga dheasachadh, nuair a tha seirbheisean gan dealbhadh agus nuair a tha lèirmheas agus marasglachadh ga dhèanamh. Faic an eàrr-ràdh airson tuilleadh mìneachaidh air dè tha e a' ciallachadh a bhith a' toirt prìomh àite do cho-ionannachd chothroman.

Air 1 Dùbhlachd 1999, dh'fhoillsich Wendy Alexander, Ministear nan Coimhearsnachdan le ùghdarras airson co-ionnanachd, a' chiad Aithisg air Co-ionnanachd do Phàrlamaid na h-Alba, mar fhreagairt do cheist phàrlamaid a thog Calum Siosalach BPA. Tha na bha anns an aithisg seo shìos.

Roi-ràdh

Mar a chaidh a dhaingneachadh ann an "*Ga thoirt gu buil còmhla: prògram riaghaltais*", tha Luchd Stiùiridh na h-Alba leagte air co-ionnanachd chothroman do na h-uile a bhrosnachadh. Gus taic a thoirt don phoileasaidh seo tha sinn a' cleachdadh dòigh obrach roi-innleachdach ùr anns an Luchd Stiùiridh agus anns an fharsaingeachd gus dèanamh cinnteach gu bheil co-ionnanachd chothroman aig cridhe chùisean nuair a tha poileasaidh ga chruthachadh. Tha an aithisg seo a' cur an cèill nam beachdan againn mu dheidhinn na slighe air adhart.

Nuair a tha sinn a' deasachadh roi-innleachd co-ionnanachd agus ga chur an gnìomh tha sinn den bheachd gu bheil com-pàrteachadh bunaiteach don chùis. Tha sinn a' dèanamh fiughair ri bhith ag obair còmhla ris a' Phàrlamaid agus A' Chomataidh Cho-ionnanachd aige, na buidhnean co-ionnanachd staideil, na h-ùghdarrasana ionadail agus eile. Anns an dòigh seo faodaidh cùisean co-ionnanachd a bhith aig bunait na cùise agus sinn a' cruthachadh nàisein ùire.

Tha Luchd Stiùiridh na h-Alba gu mòr airson pàirt a ghabhail ann an deasbad beòthail air prionnsabalan bunaiteach a' gheallaidh againn air co-ionnanachd. Tha iad cuideachd ag iarraidh deasbad air dè na prìomh chuspairean a nochdadh ann an roi-innleachd nas mionaidiche agus air dè an obair as cudromaiche agus cuin bu chòir a chrìochnachadh. Bidh an t-Aonad Co-ionnanachd, roinnean anns an Luchd Stiùiridh agus buidhnean bhon taobh a-muigh an lùib seo. Tha sinn a' brosnachadh gach duine le ùidh ann an co-ionnanachd am beachdan air an aithisg a chur a-steach ro neo air 4 Giblean 2000. A rèir an còd-obrach air riaghaltas fosgailte, faodaidh sinn gin de na freagairtean a dhèanamh follaiseach ma dh'iarraas duine am faicinn mura innis an luchd-conaltraidh gu bheil iad ag iarraidh freagairt a chumail diamhair. Bidh an t-Aonad Co-ionnanachd a' cumail prògram deasbaid le roinnean air feadh an Luchd Stiùiridh agus air an taobh a-muigh, tràth an ath-bhliadhna.

Gealladh air Co-ionnanachd

Tha brosnachadh barrachd co-ionnanachd chothroman do na h-uile bunaiteach don ghealladh a rinn an Luchd Stiùiridh gus Alba nas cothromaiche a chruthachadh far a bheil buntainneas aig a h-uile duine anns a' mhòr-choimhearsnachd. Mar sin tha an Luchd Stiùiridh fìor thoilichte obair còmhla ris a' Phàrlamaid ann a bhith a' cur co-ionnanachd aig cridhe ar saothrach. Se an t-amas againn ceangal maireannach, daingeann a dhèanamh eadar co-ionnanachd agus a bhith a' cur sàr phoileasaidhean agus phrògraman an gnìomh.

Tha Westminster air glèidheadh a' chumhachd a bhith a' cruthachadh laghan air co-ionannachd chothroman. Tha seo a' dol nas fhaide na bhith a' gabhail suim air an reachdachd staideil an aghaidh lethbhreith a-thaobh cinneil, gnè neo ciurramachd. Tha Luchd Stiùiridh na h-Alba a' daingneachadh gun cuir sinn ris an obair a rinneadh mar tha air co-ionannachd cinneil, gnè agus ciurramachd. Ged a bhios sinn mothachail air beachdan an t-sluaigh air fad, bidh an Luchd Stiùiridh air an treòrachadh leis a' mhìneachadh air co-ionannachd a th'ann an Achd na h-Alba nuair a tha sinn a' deasachadh dòigh obrach nas farsainge a-thaobh co-ionannachd:

"A bhith a' casg, a' cur às do neo a' cumail smachd air lethbhreith eadar daoine a-thaobh gnè neo suidheachadh pòsaidh, cinneil, ciurramachd, aois, gnèathasachd, cànan neo clas sòisealta, neo a-thaobh ghnothaichean pearsanta eile leithid creideamh agus beachdan, mar eisimpleir creideamh cràbhaidh neo beachdan poiliteagach."

Prìomh Phrionnsabalan

Tha Luchd Stiùiridh na h-Alba ag obair a rèir nam prìomh phrionnsabalan agus gheallaidhean a leanas:

- gealltainn gu daingeann gum bi co-ionannachd chothroman do na h-uile ga bhrosnachadh;
- co-ionannachd a chur aig cridhe obair an Luchd Stiùiridh agus bhuidhnean poblach, agus anns an fharsaingeachd ann an com-pàirteachadh leis a' Phàrlamaid agus a' Chomataidh Cho-ionannachd aige;
- pàirt a thoirt don fheadhainn aig a bheil ùidh ann an deasachadh an Roi-innleachd Co-ionannachd againn le bhith a' sireadh bheachdan air an aithisg seo fad is farsaing agus le bhith a' cumail deasbaid a' dol le fòraman agus lìn-conaltraidh stèidhichte. Cuideachd, cumaidh sinn conaltradh leis na buidhnean co-ionannachd staideil, le Co-chruinneachadh Ùghdarrasan Ionadail na h-Alba, Aonaidhean Luchd-obrach, buidhnean co-ionannachd, sgoilearan agus eile;
- gealltainn prìomh phàirt a ghabhail mar luchd-fasdaidh ann a bhith a' cleachdadh nam modhan obrach as fheàrr a-thaobh co-ionannachd; agus
- aithisgean a thoirt gu cunbhalach don Phàrlamaid agus don mhòr-shluagh air mar a tha an Roi-innleachd Co-ionannachd a' tighinn air adhart agus air ciamar a tha e ga chur an gnìomh, a' tòiseachadh anns a' Ghiblean 2000.

Na Prìomh Chuspairean

Bidh an obair againn air Roi-innleachd Co-ionannachd a dheasachadh agus a chur an gnìomh a' buntainn ris a h-uile raon agus a' tighinn am follais mean air mhean. Mar phàirt den phrògram fhada againn bidh sinn a' tòiseachadh air roi-innleachd airson trèanadh agus leasachadh ann a bhith a' toirt prìomh phàirt do cho-ionannachd ann an obair Luchd Stiùiridh na h-Alba, obair bhuidhnean poblach agus eile. A thuilleadh air sin thèid obair a dhèanamh air roi-innleachd a dheasachadh gus co-ionannachd chothroman a bhrosnachadh. Bidh "togail aire" an lùib seo (a-staigh anns an Luchd Stiùiridh fhèin agus air an taobh a-muigh) mar eisimpleir ann a bhith a' brosnachadh co-ionannachd nuair a thathas a' fasdadh airson dreuchdan poblach. Le bhith a' bruidhinn ris na buidhnean co-ionannachd staideil, Co-chruinneachadh Ùghdarrasan Ionadail na h-Alba agus eile, seallaidh sinn ri dòighean practaiceach airson buaidh nam molaidhean reachdaireachd, nam poileasaidhean agus nan seirbheisean a thomhas a-thaobh co-ionannachd. Bidh sinn a' coimhead cuideachd air ciamar a ghabhas deagh mhodhan obrach a sgaoileadh do na h-uile.

Bidh e aig cridhe a h-uile rud a nì sinn a bhith a' leasachadh agus a' cur ris na lìn cho-ionannachd a-staigh agus a-muigh, na siostaman sireadh bheachdan agus na roi-innleachdan conaltraidh. Bidh e cuideachd aig cridhe chùisean a bhith a' leasachadh fiosrachaidh bhunaitich agus fiosrachadh a tha a' tighinn am follais, cho math ri bhith a' leasachadh staitistearachd agus rannsachaidh. A thuilleadh air sin, bidh e bunaiteach don phrògram a bhith a' deasachadh cruthan obrach air riaghladh deanadais a tha freagarrach don t-suidheachadh an Albainn.

Com-pàirteachadh

Tha freumhan na dòigh obrach againne suidhichte ann am fulanagas agus tuigse, a tha gu tur an aghaidh sgaradh agus beachd sam bith a tha a' glasadh a-mach neo a' fuadach dhaoine. Tha spèis airson buadhan sònraichte gach duine agus nas urrainn gach duine a thoirt seachad, bunaiteach dhuinn. Tha brosnachadh barrachd co-ionannachd chothroman mar dhùbhlan dhuinn uile. Sin an t-adhbhar gu bheil sinn an dùil obair ann an com-pàirteachadh leis a' Phàrlamaid agus buidhnean eile, agus aithisgean a thoirt dhaibh gu cunbhalach air an adhartas a tha sinn a' dèanamh air an Roi-innleachd Co-ionannachd a dheasachadh agus a chur an gnìomh, agus air pròiseictean agus iomairtean sònraichte.

Tha Luchd Stiùiridh na h-Alba gu mòr airson deasbad farsaing a bhrosnachadh air co-ionnannachd agus gu h-àraidh air deasachadh a' chiad Roi-innleachd Co-ionnannachd airson na h-Alba. Tha sinn ag iarraidh beachdan an luchd-conaltraidh air cùisean anns a bheil ùidh aca a-thaobh deasachadh an roi-innleachd. Bhiodh e gu sònraichte feumail ann a bhith ag ullachadh an roi-innleachd, ged tha, nan toireadh iad am beachdan seachad air cuid de na cùisean a tha air an cur an cèill seo shìos. Mas urrainn dhaibh bu toil leinn gun innseadh iad am beachdan anns an dòigh as mionaidiche a ghabhas air na puingeas seo. Bhiodh e air leth feumail cluinntinn am beachdan air na cruthan reachdaireachd a th'ann an-dràsda anns na raointean far an deach cumhachd a sgaoileadh a dh'Albainn agus air dè mun deidhinn a tha a' brosnachadh neo a' bacadh co-ionnannachd.

CÙIS 1 AN DÒIGH AIR AN ROI-INNLEACHD CO-IONNANACHD A DHEASACHADH

Ann a bhith a' deasachadh an Roi-innleachd Co-ionnannachd aca tha Luchd Stiùiridh na h-Alba leagte air na leanas a dhèanamh:

- modh obrach roi-innleachdach a chleachdadh;
- obair ann an com-pàirteachadh leis a h-uile duine aig a bheil ùidh 's a' chùis;
- dèanamh cinnteach gu bheil co-ionnannachd aig cridhe chùisean nuair a thathas a' cruthachadh poileasaidh air feadh an Luchd Stiùiridh agus anns an fharsaingeachd;
- prìomh phàirt a ghabhail mar luchd-fasdaidh ann a bhith a' cleachdadh nam modhan obrach as fheàrr a-thaobh co-ionnannachd agus fuasgladh a lorg don duilgheadas nach eil boireannaich, na mion-chinnidhean agus daoine chiurramach a' faighinn dreuchdan gu leòr anns na h-ìrean as àirde anns an t-seirbheis shìobhalta;
- a bhith a' meudachadh an uiread seòrsaichean daoine a tha a' faighinn dreuchdan poblach; agus
- aithisgean a thoirt gu cunbhalach don Phàrlamaid agus don mhòr-shluagh air ciamar a tha an Roi-innleachd Co-ionnannachd a' tighinn air adhart agus ciamar a tha e ga chur an gnìomh, a' tòiseachadh anns a' Ghiblean 2000.

Ceistean airson cùis 1

C1. Ciamar as fheàrr a ruigeas sinn na h-amasan seo an Albainn?

C2. Cò na prìomh com-pàirtichean bu chòir a bhith an sàs ann an deasachadh Roi-innleachd Co-ionannachd Luchd Stiùiridh na h-Alba?

C3. Dè tha dèanamh com-pàirteachadh math agus ciamar bu chòir dhan an Luchd Stiùiridh com-pàirteachadh a tha ag obair air co-ionannachd a thoirt air adhart?

C4. Ciamar bu chòir dhuinn meudachadh a thoirt air an uiread seòrsaichean daoine a tha a' faighinn dreuchdan poblach agus gu h-àraidh ciamar bu chòir dhuinn fuasgladh fhaighinn air an duilgheadas nach eil boireannaich, na mion-chinnidhean agus daoine chiurramach a' faighinn dreuchdan gu leòr?

Bidh conaltradh sònraichte ann anns a' Bhliadhna Ùir mu dheidhinn siostam fasdaidh nan dreuchdan poblach agus bhiodh e feumail nam b'urrainn don luchd-conaltraidh saoineachadh gu h-àraidh air ciamar a ghabhadh co-ionannachd a bhrosnachadh agus air dè na bacaidhean sònraichte a th'ann, nuair a tha iad a' freagairt na ceist seo.

CÙIS 2

NA PRÌOMH CHUSPAIREAN

Bidh an obair againn air Roi-innleachd Co-ionnannachd a dheasachadh agus a chur an gnìomh a' buntainn ris a h-uile raon agus a' tighinn am follais mean air mhean. Seo na prìomh chuspairean air am bi sinn ag obair an toiseach:

- roi-innleachd trèanaidh agus leasachaidh airson prìomh phàirt a thoirt do cho-ionnannachd ann an obair Luchd Stiùiridh na h-Alba, nam buidhnean poblach agus eile. Airson mìneachaidh nas mionaidiche air dè tha "prìomh phàirt" a' ciallachadh faic an eàrr-ràdh.
- roi-innleachd airson co-ionnannachd chothroman a bhrosnachadh a' gabhail a-steach togail aire. Bhiodh dà thaobh air seo.
 - A-staigh ann an obair Luchd Stiùiridh na h-Alba
 - A-muigh le buidhnean poblach agus anns an fharsaingeachd
- leasachadh air fiosrachadh bunaiteach agus fiosrachadh a tha a' tighinn am follais, cho math ri leasachadh staitistearachd, dàta agus rannsachaidh;
- Bruidhinn ris a' Choimisean Cho-ionnannachd, Coimisean nan Còraichean Aiteamach agus Coimisean Còraichean nan Ciurramach a bhios a' nochdadh a dh'aithghearr, agus ri Co-chruinneachadh Ùghdarrasan Ionadail na h-Alba agus eile, gu sealltainn ri dòighean practaiceach airson buaidh nam molaidhean reachdaireachd, nam poilesaidhean agus seirbheisean a thomhas a-thaobh co-ionnannachd. Cuideachd, feumaidh Luchd Stiùiridh na h-Alba an t-adhartas aca a thomhas agus mar sin feumaidh cruthan lèirmheas freagarrach a dheasachadh, agus
- modhan air deagh mhodhan obrach a sgaoileadh do na h-uile.

Ceistean airson cùis 2

C4. Ciamar as fheàrr don Luchd Stiùiridh na prìomh chuspairean seo a leasachadh?

Bheiribh bhur beachd seachad air gach cuspair mas urrainn dhuibh agus innis ma tha càil as urrainn dhuibh cur ris an obair anns na raointean sin.

C5. Ciamar as urrainn do Luchd Stiùiridh na h-Alba tuigse a sgaoileadh air feuman bhuidhnean sònraichte?

C6. A bheil dàta agus fiosrachadh gu lèor agaibh air co-ionannachd an Albainn?

C7. Ciamar a ghabhadh dàta agus fiosrachadh air co-ionannachd a dhèanamh nas fheàrr?

C8. Ciamar bu chòir do Luchd Stiùiridh na h-Alba tuigse nas fheàrr air co-ionannachd a bhrosnachadh?

Tha Luchd Stiùiridh na h-Alba mothachail air cho cudromach 's a tha e a bhith ag aithneachadh agus a' togail aire mu dheidhinn deagh mhodhan obrach. Faodaidh seo leasachadh adhbharachadh air irean feabhais ann an seirbheisean agus poileasaidhean a tha a' buntainn ris an t-suidheachadh an Albainn. Mar sin tha ùidh aig an Luchd Stiùiridh ann am beachdan an luchd-conaltraidh air dè tha deagh mhodhan obrach a' ciallachadh a-thaobh co-ionannachd agus ann an eisimpleirean suaicheanta sam bith a th'agaibh a bhiodh feumail nuair a tha sinn a' deasachadh Roi-innleachd Co-ionannachd. Dh'fhaodadh seo a bhith a' buntainn ris a h-uile cùis co-ionannachd neo ri aon chùis a-mhàin leithid slàinte, obair shòisealta neo taigheadas. Cha leig sibh a leas bruidhinn air deagh mhodhan obrach dhaoine eile. Ma tha sibh a' smaoinichadh gu bheil sibh fhèin neo bhur buidheann neo companaidh a' cleachdadh mhodhan obrach air leth math airson co-ionannachd a bhrosnachadh bhiodh sinn gu sònraichte toilichte cluinntinn bhuaibh. Bhiodh an Luchd Stiùiridh toilichte faicinn eisimpleir de bhileag mìneachaidh, pàipear poileasaidh, còd-obrach neo stiùireadh sam bith a tha sibh an dùil a bhiodh feumail.

C9. Dè tha deagh mhodhan obrach a' ciallachadh a-thaobh co-ionannachd agus a bheil eisimpleirean sam bith agaibh air deagh mhodhan obrach a dh'fhaodadh sibh innse don Luchd Stiùiridh?

CÙIS 3 DÒIGHEAN AIR CO-IONNANACHD A BHROSNACHADH

Bidh Luchd Stiùiridh na h-Alba a' toirt taic don obair dheasachaidh air Roi-innleachd Co-ionnanachd le bhith a' leasachadh agus a' cur ris:

- na lìn cho-ionnanachd a-staigh agus a-muigh;
- na siostaman sireadh bheachd; agus
- na roi-innleachdan conaltraidh

Tha stòr-dàta aig Luchd Stiùiridh na h-Alba mar tha air buidhnean Albannach le ùidh shònraichte ann an cùisean bhoireannach. Tha grunnan bhuidhnean eile leithid Comhairle Albannach air Buidhnean Saor-thoileach agus Ciorram an Albainn a' cumail fiosrachaidh air buidhnean aig a bheil ùidh anns an raon obrach aca. Ann a bhith a' leasachadh agus a' meudachadh nan lìn chonaltraidh a th'ann mar tha agus a' dèanamh adhartais air roi-innleachd conaltraidh a-thaobh co-ionnanachd, tha ùidh aig Luchd Stiùiridh na h-Alba anns na beachdan agaibh air ciamar a ghabhadh na lìn sin a roinn eadar buidhnean neo ciamar a ghabhadh iad a chruthachadh ann an eagrachadh an Luchd Stiùiridh fhèin.

C10. Dè na lìn chonaltraidh anns an raon obrach neo bad de Albainn agaibh fhèin a bhuineas ri deasachadh Roi-innleachd Co-ionnanachd agus cò aige tha fiosrachadh mu dheidhinn?

C11. A bheil na lìn cho-ionnanachd a th'ann mar tha a' freagradh nam feuman agaibh? Ma tha, carson? Mura eil, dè na lìn a b'fheàrr a fhreagradh na raon obrach neo bad de Albainn agaibh fhèin?

C12. Dè an t-eòlas a th'agaibh fhèin neo aig a' bhuidheann neo a' chompanaidh agaibh mu dheidhinn dòigh èifeachdach air beachdan a shireadh agus ciamar a b'urrainn do Luchd Stiùiridh na h-Alba leasachadh nan dòighean sireadh bheachdan agus nan siostaman aca a tha a' buntainn ri co-ionnanachd?

C13. Cò air bu chòir an Luchd Stiùiridh a bhith a' beachdachadh airson conaltradh èifeachdach a chruthachadh a-thaobh co-ionnanachd?

CÙIS 4 PRÒGRAMAN AGUS PRÒISEICTEAN

A thuilleadh air prìomh phàirt a thoirt do cho-ionnannachd, agus obair leasachaidh a dhèanamh, dh'fhaodadh gum biodh an Luchd Stiùiridh airson beachdachadh air pròiseictan neo cuspairean sònraichte a' buntainn ri co-ionnannachd anns an àm ri teachd.

C14. Dè an t-amas bu chòir a bhith aig pròiseictan neo cuspairean sònraichte den t-seòrsa seo?

CO-DHÙNADH

Tha fìor chothrom againn roi-innleachd co-ionnannachd èifeachdach a thoirt gu buil agus mar sin mòr-choimhearsnachd Albannach a chruthachadh far a bheil buntainneas aig barrachd dhaoine. Dùthaich far am faod sinn tlachd a ghabhail ann an eugsamhalachd an t-sluaigh le bhith a' daingneachadh co-ionnannachd chothroman.

Gheibhear am pàipear seo ann an dreachan eadar-dhealaichte agus anns na mion-chànanan bhon Aonad Co-ionnannachd aig an t-seòladh seo shìos. Bidh leth-bhreacan anns a' Bheurla agus anns na mion-chànanan air an lion aig www.scotland.gov.uk

Freagairtean

Se an ceann-latha airson freagairtean **4 Giblean 2000**.

Faodaidh sibh freagairtean don phàipear sireadh bheachdan seo a chur tron phost:

An t-Aonad Co-ionnannachd
Rùm 045
Taigh Naoimh Anndra
Dun Èideann
EH1 3DG

Neo le post-dealain gu: EqualityConsultation@scotland.gov.uk

A rèir an còd-obrach air riaghaltas fosgailte, faodaidh sinn gin de na freagairtean a dhèanamh follaiseach ma dh'iarras duine am faicinn mura innis an luchd-conaltraidh gu bheil iad ag iarraidh freagairt a chumail diamhair.

EÀRR-RÀDH

AIR A THOIRT BHO

A' TOIRT PRÌOMH ÀITE DO CHO-IONNANACHD; A' SGRÙDADH POILEASaidH AGUS MOLaidHEAN REACHDAIREACHD ANN AN CRUTH OBRACH A THA A' BUNTAINN RI CO-IONNANACHD

Dè tha "prìomh àite" a' ciallachadh a-thaobh co-ionnanachd?

- Tha e a' ciallachadh gu bheil prionnsabalan, roi-innleachdan agus cleachdaidhean co-ionnanachd air am filleadh a-steach do obair làitheil an Riaghaltais agus buidhnean poblach eile aig toiseach chùisean, a' gabhail a-steach daoine a tha a' cruthachadh poileasaidh nan obair làitheil agus eòlaichean air co-ionnanachd. Mar sin, feumaidh beachdan ùra an gabhail air poileasaidhean agus seirbheisean a' mhòr-shluaigh gus aire a thoirt air lethbhreith a-thaobh gnè, cinneil, ciurrachd agus cùisean eile far am bi daoine a' fulang lethbhreith agus anacothroim, leithid gnèathasachd agus creideamh.
- Tha e na roi-innleachd fada dhuinn poileasaidhean a chruthachadh a rèir mar a tha daoine beò bho latha gu latha, agus cleachdaidhean agus structaran chompanaidhean agus bhuidhnean atharrachadh a rèir seo. Tha e a' cur daoine, agus nam feuman agus an eòlais eugsamhail aca, aig cridhe cruthachadh poileasaidh.
- Tha riaghaltas nas fhèarr ag èiridh às a chionn gu bheil an luchd-cruthachaidh poileasaidh nas fiosraiche agus tha obair cruthachadh poileasaidh nas fosgailte agus nas soilleir. Tha e a' brosnachadh barrachd conaltraidh nuair a tha poileasaidh ga chruthachadh le dòighean nas fhèarr air beachdan a shireadh agus mar sin tha e a' brosnachadh deamocrasaidh fhèin.
- Tha e a' toirt ionnsaigh air na structaran anns a' mhòr-choimhearsnachd a tha a' brosnachadh lethbhreith agus anacothroim.
- Nuair a tha prìomh àite aig co-ionnanachd faodaidh e stad a chur air poileasaidhean agus prògraman a nochdadh a tha a' meudachadh lethbhreith agus a' dèanamh anacothroim sam bith a th'ann mar tha nas miosa.
- Nuair a tha prìomh àite aig co-ionnanachd tha taic ga thoirt do iomairtean laghail gus ionnsaigh a thoirt air structaran agus cleachdaidhean sean agus ùr a tha a' brosnachadh lethbhreith.

Chaidh seo fhoillseachadh leis a' Choimisean Cho-ionnanachd agus Coimisean nan Còraichean Aiteamach ann an com-pàirteachadh leis an Fhòram air Riaghladh na h-Alba, Oilthigh Dhun Èideann.

Airson tuilleadh fiosrachaidh cuiribh fios gu:

Coimisean Cho-ionnanachd
Taigh Naoimh Steafain
279 Sràid Bath
GLASCHU
G2

Fòn: 0141 248 5833
Facs: 0141 248 5834
post-d:scotland@eoc.org.uk
Làrach lion:www.eoc.org.uk

Coimisean nan Còraichean Aiteamach
45 Sràid Hanòbhair
DUN ÈIDEANN
EH2 2PJ

Fòn:0131 226 5186
Facs: 0131 226 5243
Làrach lion: www.cre.gov.uk